



## Tiotal: Mo bhodhaig an-dràsta

### Pàirt 4: Fèin-bhrodadh

ìre: TREAS/CEATHRAMH

#### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn mar a tha mo bhodhaig eadar-dhealaichte, agus mar a tha mo ghnèitheasachd agus gnèitheasachd dhaoine eile a' tighinn air adhart.</p> <p>HWB 3-47a</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>• Ag aithneachadh buaidh inbhidheachd agus tighinn gu buil feisealachd.</li></ul>

#### Amasan ionnsachaidh

- Gun ionnsaich daoin' òga na h-ainmean cearta airson pàirtean den bhodhaig, a' gabhail a-steach buill-ghineamhainn fhireann agus bhoireann, agus mar a tha iad ag obair.
- Gun aithinich daoin' òga gu bheil buaidh aig na h-atharrachaidhean bodhaig a thig rè inbhidheachd air faireachdainnean agus giùlan.
- Gun ionnsaich daoin' òga dòighean air faireachdainnean a làimhseachadh.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh pàirtean mo bhodhaig ainmeachadh.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na diofar phàirtean dhem bhodhaig agus mar a tha iad ag obair.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-atharrachaidhean a bhios a' tachairt rè inbhidheachd.
- Tha fios agam dè nì mi no cò ris a bhruidhneas mi ma tha ceist agam no iomagain orm.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- *Masturbation: totally normal* (faid 1 mhion. 48) le amaze.org <https://youtu.be/TK48R722jyA>
- *What is a wet dream?* (faid 1 mhion. 47) le amaze.org [https://youtu.be/uotzoDDRW\\_s](https://youtu.be/uotzoDDRW_s)
- *Boys change too* <https://youtu.be/nJtt7k0aiAA> (faid 4 mhion. 59) pàirt de <https://www.lil-lets.co.uk/school-programme>
- Bileag: ChildLine Q&A bho dhaoin' òga mu fhèin-bhrodadh

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdad, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

NÒTA: Tòisichidh an seisean leis an tidsear/neach-foghlaim a' toirt sùil air ais còmhla ris na daoin' òga air na ceistean/freagairtean bhon t-seisean mu dheireadh. An uair sin bithear a' coimhead air feedhainn dhe na h-atharrachaidhean a thig rè inbhidheachd a bheir barrachd buaidh air balaich. Bithear an uair sin a' sgrùedadh fèin-bhrodadh bho thaobh balaich agus nigheanan.

NÒTA: 'S dòcha gum bi luchd-ionnsachaidh le feumalachdan sònraichte feumach air barrachd taic agus fiosrachadh airson a' chuspair seo. Thòir sùil air na duilleagan seo sa ghoireas againn:

<https://rshp.scot/learners-with-additional-support-needs ASN/> far am faighear tuilleadh fiosrachaidh, goireasan, leabhairichean, dealbhan's msaa.

## Obair

1. Tòisich le bhith ag iarraidh air daoin' òga cuimhneachadh air rinn iad sa bhloc seo air ainmean nam pàirtean bodhaig againn, air mar a bhios a' bhodhaig ag atharrachadh rè inbhidheachd agus air sileadh-mìosail.
2. **Ceistean.** Cuir an cuimhne nan daoine òga gun d' fhuair iad cothrom ceistean a sgriobhadh air cairtean aig deireadh an t-seisein mu dheireadh/ Inns dhaibh gun leugh thu feadhainn a-mach, no gu bheil thu air an cruinneachadh còmhla a rèir cuspair – an uair sin thoir dhaibh fios-air-ais. (Ma tha ceistean ann nach urrainn dhut a fhreagairt, no mura h-eil thu a' tuigsinn na thathar a' faighneachd, aidich sin, agus brosnaich daoin' òga gus tighinn thugad gu prìobhaideach). 'S dòcha gur e deagh àm a bhiodh an seo airson meòrachadh air na tha cudromach agus feumail thuige seo – dha na daoin' òga agus dhutsa mar neach-foghlaim. Fàg ùine airson còmhradh sam bith a dh'èireas.
3. Thoir a-steach an còrr dhen t-seisean mar seo: Tha sinn air a bhith a' smaoineachadh mu inbhidheachd agus atharrachaidhean bodhaig. 'S e fear dhen na h-atharrachaidhean as mothà a bhios a' tachairt do nigheanan sileadh-mìosail agus tha sinn air bruidhinn mun sin. Bidh atharrachidhean a' tachairt do bhalaich cuideachd. 'S dòcha gun do bhruidhinn sibh beagan air an seo sa bhun-sgoil ach an-diugh ionnsaichidh sinn beagan mu sheasamhan-buid agus mu aislingean fliuch. An uair sin bruidhnidh sinn air fèin-bhrodadh agus mu na tha sin a' ciallachadh do bhalaich agus nigheanan.
4. Thoir a-steach agus seall am film goirid **Boys change too** <https://youtu.be/nJtt7kOaiAA> (faid. 4 mion. 59) èist ri ciad bheachdan no ceistean mun fhilm. Tha am film a' crìochnachadh leis a' cheist: **What scares you about going through puberty?** Tòisich còmhradh, a' brosnachadh nigheanan agus balaich gus pàirt a ghabhail ma tha iad airson – 's dòcha ann am buidhnean agus an uair sin air ais còmhla.
5. Mìnich 's sibh air smaoineachadh beagan mu bhalaich, gu bheil an ath phàirt den ionnsachadh an-diugh mu *nigheanan agus* balaich agus mun chuspair **fèin-bhrodadh**. Cleachd an ath dhà shlaighd agus leugh a-mach na th' orra:

### Fèin-bhrodadh

- Uaireannan bidh bod balaich no brillean nighinn a' fàs cruaidh no bidh dèireach anna.
- 'S dòcha gum bi balach ag iarraidh a bhod a shuathadh bhon a tha e a' faireachdainn math.
- 'S dòcha gum bi nighean ag iarraidh a brillean a shuathadh bhon a tha e a' faireachdainn math.
- 'S e fèin-bhrodadh a chanas sinn ris an seo.
- Nuair a bhios fireannach no boireannach ri fèin-bhrodadh, 's dòcha gum bi orgasam aca.
- 'S e deagh fhaireachdainn a tha a' sgaoileadh air feadh na bodhaig a th' ann an orgasam. 'S e tlachd fheiseil a chanar ris.
- Mar as trice bidh fireannaich a' sìolachadh nuair a bhios orgasam aca (bidh sìol a' tighinn a-mach às a' bhod).

6. Faighnich dhan chlas: "*Mar sin air sgèile 1-10 – le 10 aig bàrr na sgèile, nuair a thuirt mi gun robh sinn gus a bhith a' bruidhinn mu fhèin-bhrodadh, dè cho mì-chofhurtail's a shaoil sibh a bhitheadh e?*" (Mura h-eil e soilleir, iarr air na daoin' òga an làmhan a chur suas, cò bha a' smaointinn nach biodh e ro mhì-chofhurtail 1 gu 2 gu 3 .. 's msaa). Faighnich, "carson?" Àidich gum faodar

faireachdann gur e cùis nàire a th' ann no gu bheil e gu math priobhaideach, ach gu bheil e na phàirt dhen t-seisean seo airson 's gun tuig daoin' òga gu bheil e àbhaisteach 's nach e cùis dragh a th' ann.

7. Coimhead an cartùn (èibhinn agus làn fiosrachaiddh) **Masturbation: Totally normal** (1 mhion. 48) <https://youtu.be/TK48R722jyA> Beachdan no ceistean sam bith ag èirigh?
8. Coimhead an ath fhear, a' toirt a-steach cuspair aislingean fliuch, ag innse ro-làimh gur e rud nàdarra a th' ann a dh'faodas tachairt do bhalaich agus do nigheanan (ged a bhios daoine nas trice a' bruidhinn air ann am balaich). **What is a wet dream?** (faid 1 mhion. 47) [https://youtu.be/uotzoDDRW\\_s](https://youtu.be/uotzoDDRW_s) Ceistean no beachdan sam bith?
9. Inns gum biòrr dhaoin' òga a' cur brath gu ChildLine ag iarraidh fiosrachadh. Cleachd an ath 3 shlaighdean airson eisimpleirean a shealltainn – seall iad air an smartboard NO cleachd am prop/a' bhiveag agus thoir ceist do gach buidheann agus freagairt Childline, leugh agus dèan suaip le buidheann eile, a' brosnachadh còmhradh mar a tha sibh a' dol air adhart, me Dè tha sibh a' smaoineachadh dhen cheist? An e deagh chomhairle a bha seo? (Mura cleachd thu ach na slaigneach, feumaidh tu freagairtean Childline a leughadh a-mach).
  - <https://www.childline.org.uk/get-support/ask-sam/you-and-your-body-asksam/masturbation2/>

Q: A bheil fèin-bhrodadh dona, tha mi a' faireachdann nach eil duine eile ris ach mise?  
Cuideachd tha mi a' faireachdann caran neònach ga ràdh, ach an e an aon fhaireachdann a th' ann 's a bhios tu a' faighinn ri feise? <https://www.childline.org.uk/get-support/ask-sam/friends-relationships-and-sex-asksam/hmm/>

Q: A bheil e àbhaisteach do nigheanan a bhith ri fèin-bhrodadh aig an aois seo? (15+) A bheil e cumanta? Bidh balaich ga dhèanamh soilleir gum bi iadsan ris, ach tha nigheanan fada na aghaidh. A bheil ann ach nàire no an e nach bi nigheanan ga dhèanamh idir?
  - <https://www.childline.org.uk/get-support/ask-sam/friends-relationships-and-sex-asksam/masturbation-and-guilt/>

Hi Sam, Bha mi airson faighneachd, a bheil e àbhaisteach a bhith ri fèin-bhrodadh? Bidh mise ga dhèanamh gach 2 no 3 lathaichean agus bidh mi an-còmhnaidh a' faireachdann cho ciontach agus iomagaineach às a dhèidh, agus mar sin bha mi airson faighinn a-mach a bheil e ceart gu leòr a bhith ri fèin-bhrodadh? Taing.
9. Cuimhnich do dhaoin' òga ma tha iad a' coimhead air-loidhne, gum feum iad a bhith faiceallach dè chuireas iad ann an einnsean-luirg. Ma chuireas tu fèin-bhrodadh a-steach, 's dòcha gun tèid do thoirt gu làraich nach eil thu airson fhaicinn. A' smaoineachadh air an seo seall eisimpleir math no dhà de dheagh làraich (air an slaigneach) – thèid gu Healthy Respect agus Sandyford.
10. Cleachd an dà shlaighd mu dheireadh agus leugh thairis orra airson na prìomh phuingean a dhaingneachadh.

#### **Priomh phuingean mu fhèin-bhrodadh**

- Tha fèin-bhrodadh àbhaisteach agus ceart gu leòr.
- Bidh balaich, nigheanan, fireannaich agus boireannaich ris.

- 'S e rud ath' ann am fèin-bhrodadh a bu chòir dhut a dhèanamh ann an àite prìobhaideach. 'S e deagh àite a bhiodh san rùm agad fhèin 's na cùirtearan agus an doras dùinte.
- Ma bhios tu ri fèin-bhrodadh, gheibh thu eòlas air do bhodhaig fhèin agus air na tha a' còrdadh riut.
- 'S e deagh dhòigh a th' ann am fèin-bhrodadh airson streas a lùghdachadh, na fèithean fhuasgladh agus gu tric cuidichidh e gus cadal nas fheàrr, sunnd agus fèin-mhisneachd fhaighinn
- Cha bhi a' mhòr-chuid de dhaoine a' bruidhinn mu fhèin-bhrodadh bhon a tha e prìobhaideach. Ach ma tha ceist agad no iomagain ort bu chòir dhut bruidhinn ri inbheach earbsach. No faodaidh tu fios a chur gu Childline.

## Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacs seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mun bhloc ghoirid seo.

Tha sinn air a bhith a' dèanamh tòrr bruidhinn mu atharrachaidhean bodhaig agus inbhidheachd. Tha e cudromach cuimhneachadh gum bi atharrachaidhean bodhaig a' toirt buaidh air balaich cuideachd. 'S dòcha gum bi e feumail dhuibh am film goirid seo a chunnaic sinn a choimhead aig an dachaigh:

**Boys change too** <https://youtu.be/nJtt7k0aiAA> (duration 4 minutes 59)

Tha sinn cuideachd a' bruidhinn mu fhèin-bhrodadh agus aislingean fhliuch. 'S e pairtean àbhaisteach de fhàs a th' annta seo agus tha sinn airson gun tuig daoin' òga na bodhaigean aca. Tha sinn air spòrs agus cartunaichean làn fiosrachaidh airson deasbad a bhrosnachadh: **Masturbation: Totally normal** (1 mhion. 48) <https://youtu.be/TK48R722jyA> **What is a wet dream?** (faid 1 mhion. 47)

[https://youtu.be/uotzoDDRW\\_s](https://youtu.be/uotzoDDRW_s)

**Tha goireasan ionnsachaidd eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:**

- Ainmean pairtean mo bhodhaig
- Mar a bhios mo bhodhaig ag atharrachadh rè fas
- Sileadh-mìosail

## Nòtaichean Tidseir

